STORYWORLDS

# Raghnall Reubaire agus an ad



An teacsa Susan Akass • Dealbhan Ben Cort

# Raghnall Reubaire agus an ad



An teacsa Susan Akass
Dealbhan Ben Cort
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



’S e reubaire a bh’ ann an Raghnall.
’S e Gobag a bh’ air a’ phitheid aige.
Bha ad mhòr aig Raghnall.



Aon là shèid agus shèid a' ghaoth.
Shiab i am bàta sìos agus suas.



"Cha toil leam a' ghaoth," thuirt Raghnall.
"Cha toil leam a' ghaoth," thuirt Gobag.



Bha a' ghaoth uabhasach làidir.

Shiab i an ad mhòr dhan mhuir.



"Haoi! Cuidich mi!" thuirt Raghnall.
"Tha m' ad air falbh."



"Càite bheil an ad?" thuirt Raghnall.

"Tha mi ag iarraidh m' aid."



“Dè tha thu a’ faicinn?” thuirt Gobag.

“Tha mi a’ faicinn muc-mhara,” thuirt Raghnall.



“Dè tha thu a’ faicinn a-nis?” thuirt Gobag.

“Tha mi a’ faicinn leumadair,” thuirt Raghnall.



"O, tha mise a' faicinn ad," thuirt Gobag.
"A bheil?" thuirt Raghnall.



"Tha," thuirt Gobag.

"Agus tha mi a' faicinn siorc!"



"Murt mhòr," thuirt Raghnall.